



OIFIS CHOITCHEANN A' CHLÀRAIDH an ALBA

Fiosrachadh mu mhuinntir na h-Alba



Roinn Pòsaidh, Taigh Ùr a' Chlàraidh, Dùn Èideann EH1 3YT, Alba, UK
Fòn 0131 314 4447 (Eadar-nàiseanta + 44 131 314 4447)
Telefacs 0131 314 4532 (Eadar-nàiseanta + 44 131 314 4532)
Làrach-lìn <http://www.gro-scotland.gov.uk>
Post-dealain marriage@gro-scotland.gov.uk

PÒSADH ANN AN ALBA – DÈ A PHAIGHEADH SIBH?

Tapadh leat airson fios a chur thugainn mu bhith a' cur air dòigh a bhith a' pòsadh ann an Alba. Bidh tu airson faighinn a-mach dè a chosgadh seo.

Cìsean reachdail airson pòsaidhean catharra agus creidmheach

A' tòiseachadh bho 5 Dùbhlachd 2005, bha na cìsean air an cur air dòigh leis an Àrd-neach-clàraidh le Achd Pàrlamaid mar a leanas:

Airson gach duine a tha a' toirt rabhadh-pòsaidh, catharra no creidmheach , don neach-clàraidh ionadail.	£25
Airson seirbheis pòsaidh catharra	£45
Airson gach earrann den chlàradh ann an clàr nam pòsaidhean (air a chur a-steach taobh a-staigh bliadhna den phòsadh a bhith air a chlàradh, catharra no creidmheach)	£8.50
'S urrainn do dhithis rabhadh-pòsaidh a thoirt seachad mar seo, le pòsadh catharra air a shòlamachadh le neach-clàraidh ann an oifis clàraidh, agus aig a bheil aon earrann den chlàradh ('an teisteanas pòsaidh' aca) airson an t-suim de chìsean reachdail de	£103.50

Bu chòir am pàigheadh a dhèanamh le airgead Breatannach agus feumaidh tu daingneachadh cò dha a tha thu a' pàigheadh nan seicichean.

Feumaidh neach-clàraidh ionadail a tha na oifigear de dh'ùghdarras ionadail fo ùghdarras an Àrd-Neach-Clàraidh gus na pòsaidhean catharra a shòlamachadh ullachaidhean a dhèanamh fa chomhair seo aig a' chis reachdail ma tha fios iomchaidh air a thoirt. Tha pòsadh catharra aig a' chis reachdail an còmhnaidh a' ceadachadh dithis dhaoine, a bharrachd air bean agus fear na bainnse, frithealadh mar fhianaisean air a' phòsadh, mar a tha air iarraidh leis an lagh. Tha a' chàraid mar as trice a' taghadh 's a' toirt cuireadh do dhithis fhianaisean.

Cìsean a bharrachd air an cur leis an ùghdarras ionadail airson pòsadh catharra

Faodaidh cuid de dh'**oifisean clàraidh** àite no goireasan a tha freagarrach airson daoine a thuilleadh air a' chàraid 's an dithis fhianaisean a bhith an lathair aig a' phòsadh, no faodaidh iad tabhann pòsaidhean catharra a shòlamachadh aig amannan sònraichte a dh'fheumas frithealadh sònraichte leis an neach-clàraidh (mar eisimpleir, taobh a-muigh uairean oifis Diluain gu Dihaoine). Is dòcha gun cuir seo cosgaisean a bharrachd air an ùghdarras ionadail, agus faodaidh an t-ùghdarras ann an cuid de shuidheachaidhean cìsean a bharrachd a chur orra, a thuilleadh air na cìsean reachdail a chaidh ainmeachadh, gus coinneachadh ris na cosgaisean sin. Tha na cìsean seo eadar-dhealaichte bho oifis gu oifis, a rèir 's dè na goireasan a thathar a' tabhann, agus a rèir co-dhùnadh an ùghdarrais dè a' chosgais a bu chòir a chur air seo. Faighnich dhan neach-clàraidh ionadail dè na cìsean a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith ann.

Faodaidh ùghdarras ionadail cìsean a chur air dòigh airson neach-clàraidh frithealadh aig **àiteachan ceadaichte** a thuilleadh air oifisean clàraidh. Tha na cìsean seo eadar-dhealaichte bho àite gu àite, a rèir co-dhùnadh an ùghdarrais dè a' chosgais a bu chòir a chur air seo. Faighnich dhan neach-clàraidh ionadail dè a' chis a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith ann.

Ma thathar airson cuir a-steach airson cead sealach airson pòsadh catharra a bhith air a chur air dòigh aig àite a taghas tu fhèin, leithid an taigh agad, bu chòir dhut fios a chur chun ùghdarrais ionadail a bheir comhairle dhut mun chis 's mun mhodh tagraidh.

Cìsean a bharrachd airson pòsadh creidmheach

Bu chòir faighneach dha neach a tha a' sòlamachadh a' phòsaidh creidmheach dè na cìsean a bhios na lùib.